



Leasan 19: Lèine Duine Sona

1. An Sgeulachd

<http://www.tobarandualchais.co.uk/gd/fullrecord/63305>

2. Gníomhan do Sgoilearan

a. Ceistean

Èist ris an earrainn agus freagair na ceistean, a' cleachdad nam faclan agad fhèin. Dòmhnnall MacIII Eathain à Griomasaidh ag innse naidheachd do Dhòmhnnall Eairdsidh Dòmhnnallach (Sgoil Eòlais na h-Alba).

1. Cò às a thàinig an sgeulachd seo?
2. Ann am beachd an duine àraig, dè bha a' fàgail Mac 'Ille Phàdraig bochd?
3. Dè an leigheas a bha aige do Mhac 'Ille Phàdraig?
4. Carson nach robh an rìgh sona?
5. Dè an t-adhbhar gearain a bha aig an dorsair?
6. Bha iad dìreach gus an gnothach a chur bhupa nuair a chuala iad mu dhuine nach biodh uair sam bith a' gearan. Càit an robh e a' fuireach?
7. Dè bha a h-uile duine a' dèanamh aig taigh an duine shona nuair a ràinig iad?
 - A. an duine sona fhèin agus an dithis bhalach a bha còmhla ris
 - B. na nigheanan
 - C. an dithis bhalach eile
8. Dè thuirt an duine sona:
 - A. mun taigh aige?
 - B. mun bhean aige?
9. Carson nach do dh'inns iad dhan duine shona mun lèine?
10. Dè dh'inns an duine sona do Mhac 'Ille Phàdraig nuair a dh'iarr e air iomlaid lèintean a dhèanamh?
11. Ciamaid a fhuair Dòmhnnall MacIII Eathain an sgeulachd seo?

b. Ealain

Sgrìobh píos pearsanta mu dheidhinn àite no àm anns an robh thu a' smaoineachadh gun robh thu garbh fhèin sona. Carson a bha seo? Cò eile a bha an sàs ann? A bheil thu ag ionndrainn sin, air neo a bheil buaidh aige ort fhathast?

3. Stuthan Taic

a. Briathrachas

air thuar – an ìmpis

a' dol am feabhas – a' fàs nas fheàrr

cuir rid dhruim i (an lèine) – cur ort an lèine

cnead – fuaim ghearanach a nì duine air sgàth pian; osna

[tha mi] cho sona ris an rìgh – abairt a tha a' ciallachadh gu bheil thu air leth sona

seasgair – blàth is tioram

bha a smùdan fhèin an ceann gach fòd – seansfhacal a tha a' ciallachadh gu bheil sgeulachd dhuilich aig gach duine beò ge bith cò iad

a' cruachadh mhònadh – a' togail cruach-mhònadh

faochag – maorach a bhios beò air a' chladach

toradh na mara – iasg agus stuth on mhuir

èis – feum, èiginn

o thìochdais – abairt coltach ri a shìorraidh

leth na truaighe – abairt eile coltach ri o thìochdais

b. Geàrr-chunntas

Cha ghabhadh duine a bha tinn leigheas gun lèine duine a bha sona a chur air nuair a bha i fhathast blàth bho dhruim an duine shona. Chaidh iad a lorg duine sona, a' tùiseachadh leis an rìgh. Ge-tà, b' e duine bochd le teaghlaich mòr ann an taigh beag an aon duine a fhuair iad a bha sona.

c. Sonas

Tha an sgeulachd seo a' toirt dhuinn teachdaireachd mu bhith sona. A bheil thu ag aontachadh leis an duine shona? Dè na rudan a dh'fheumas duine airson a bhith sona? Dè na faclan seo a bhios tu fhèin a' cleachdad a tha a' ciallachadh sonas no a bhith sona? A bheil feadhainn eile ann as aithne dhut?

Ainmearan

sunnd

àigh

subhachas

aighear

aoibhneas

toileachas

sunndachd

sùg

gàirdeachas

gean

Buadhairean

saorsnail

toilichte

aobhach

subhach
àghmhør
sunndach
nèarach
dòigheil
aighealach
cridheil

4. Fiosrachadh Eile

a. Am Fiosraiche

Dòmhnull MacIIIeathain, Dòmhnull Sheonaidh Bhàin. Rugadh e ann an 1902 agus thogadh e ann an Griomasagaigh, Uibhist a Tuath. Tha grunn mhath chlàran aige air làrach-lìn Tobar an Dualchais.

b. Ceanglaichean

Seo cuid de na sgeulachdan eile aig Dòmhnull MacIIIeathain:

Sgeulachd mu Fhear Ghìminis agus mar a fhuair e air nighean Fear Bhaile nan Cailleach a phòsadh.

<http://www.tobarandualchais.co.uk/gd/fullrecord/95795/1>

Mar a thuig Mac 'Ille Phàdraig gur e a mhì-thoileachadh fhèin a bha ga fhàgail tinn.

<http://www.tobarandualchais.co.uk/gd/fullrecord/62055/1>

An aon sgeulachd ann an cruth eile. Bha Mac 'Ille Phàdraig tinn agus cha b' urrainn do dhuine a leigheas. Thug fear comhairle dha lèine duine sona a bha fhathast blàth bho dhruim a chur air agus gum biodh e na b' fheàrr. Chaidh dithis a lorg duine sona, agus an dèidh a bhith aig an rìgh, an dorsair agus an comhairliche aige, fhuair iad a-mach nach robh duine aca sona. Mu dheireadh, lorg iad duine le teaghlaich mòr ann an taigh beag a bha sona. Thug iad e chun an duine bha tinn agus, nuair a thuirt iad ris an lèine aige thoirt do Mhac 'Ille Phàdraig, thuirt e nach robh lèine air bhon a phòs e. Thuig Mac 'Ille Phàdraig an uair sin gur e a mhì-thoileachadh fhèin a bha ga fhàgail tinn.

Fear aig nach robh sgeulachd aig cèilidh.

<http://www.tobarandualchais.co.uk/gd/fullrecord/62058/1>

Bha fear aig nach robh sgeulachd aig cèilidh agus thuirt fear ris sgrath a chur air toll anns a' bhàthaich. Nuair a chaidh e chun na bàthcha chunnaic e bàta. Chaidh e innte agus thug am bàta e gu Èirinn agus air ais. Bha sgeulachd mu na thachair aige nuair a thill e.

Sgeulachd mu theaghlaich bochd.

<http://www.tobarandualchais.co.uk/gd/fullrecord/63301/1>

Sgeulachd mu theaghlaich bochd a dh'fhàg an gille a b' òige air a' mhòintich airson bàsachadh. Shàbhail an cù aige e agus thog a sheanmhair e.

5. Freagairtean

Tidsearan: cuiribh post-d gu dualchas@smo.uhi.ac.uk gus lethbhreac de na freagairtean airson nan leasanan air fad fhaighinn.